H.M.4.



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

SGEULACHD

LOCH UISGE

ann an

GADHLIG:

air a tarruing bho Bheurla an Ard Urramaich

MARCUS LABHRUINN,

Fear-céilidh na Bana-phrīonnsa Rìgheil,

LUISA,

Bana-mharcus Lâbhruinn.

Gheibhear a Bheurla ann an aireamh xviii de "*Good Words*," Bliadhna 1877.

1895

Hew Morrison, Esqr
with JP McLain's Compts
1896

SGEULACHD
LOCH UISGE

ann an

GADHLIG:

air a tarruing bho Bheurla an Ard Urramaich

MARCUS LABHRUINN,

Fear-céilidh na Bana-phrīonnsa Rìgheil,

LUISA,

Bana-mharcus Lâbhruinn.

Gheibhear a Bheurla ann an aireamh xviii de
"*Good Words*," Bliadhna 1877.

1895

NATIONAL LIBRARY
B
26 MR
1935
OF SCOTLAND

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

Sgeulachd Loch Uisge.

Bho'n choire ŭd meásg nam bēanntain
  An dion fhasgadh o'n chuan
Bho'n loch na laidh 'san īonndrainn
  Cluinnibh sgeul a's airidh luaidh.

Bha àros bhan-nàomh an togail àrd
  'San lag 'sam bheil an t-uisge a tãmh
Ceòl bŭ bhīnne ag eiridh uaith
  Na thig o'n chuan na bhorban sẽimh

Os cionn na fàrdaich nàomhe
  Bhithidh na neòil ag àomadh an cīnn
'San t-sãmhradh dlùth ag éĭsdeachd
  Ri làoidhean Dhé fo fhonnaibh grinn.

Sgeulachd Loch Uisge.

Oir thogadh MacTalla nan àrd a chàil,
  As nàird ris na fraighean uaine
Ghléusadh as ùr na leadain ghràidh
  Le am binneas màlda anns an fhuaim.

An taic ri càochan loinneil ŭillt
  Bha rŭith bho fhuaran réith
Thog bean-nàomh a bŏthan cîll
  Ga shĕunadh an áoradh Dhé

Oir dhi-se ãnn an aisling dh'àithn
  Mar dhleasnas nãomh as còrr
Bhith gleitheadh bruach an tobair grĭnn
  Mar thuaireadh a lóinn an tòs.

Bhitheadh sìth as áoibhneas frīthealadh ãnn
  Fad līnn nan līnn gu bràthach
Fhad s'a chumair cràbhach dìleas
  An līnnhe fhiorghlan thlàth.

Sgeulachd Loch Uisge.

Nuair thàinig dh-ìse cīnnte fhior
  Gur fhéudar triall o thìr nam beò
Do na naoimhe uile mu'n cuairt d-i cruinn
  Liubhair i a h-ãithne mhòr.

As b'iomad bean na déidh-sa
  Rinn rághainn n'a bheatha chàomh,
Gus mar fhlùr le glòir an àille
  An d'fhàs an togail nàomh :

'San Alb an am falachd, réubainn, as àr
  B'fhasgadh do'n ãnrach am fônn—
Far an tràoghadh fearg as strìth
  Mar an siolaidh sìne ni gàirich thônn.

Bha beannachd dháoine am fiù nam peathar
  A tùr' gu'm b'ãinghil Dhé
Bha an teist air gràdh as càomhalachd
  Nan irioslachd as na nàomhachd féin.

Sgeulachd Loch Uisge.

Bu dùth shonas dhaibh-sa bhith soilleachadh
Le'n àdh ra laithean dùr,
Oir an ion n'a chridhe bhith cianail
Fo bhian an trusgan dù'!

Fhad 'sa bha an giùlan fiorghlan
Cha b'iota do na mnāthain còir
An sáoghal ud rithisd ath-iarraidh
'San d'fhagadh am pian as bròn

Cha robh mãinne 'san tìme na cabhaig
Thair a chuairtlain chairdean réidh
O'n bu ghàol do mhnaoi a caraid
As am barrachd gàoil bhith dhuit-se Dhé

Ach seal na h-ùine bha chăilis bhòidheach
Glacadh stòr an tobair ghrinn
As a taomadh mach a christol lodeil
'San easan cagraich an crònan binn.

Sgeulachd Loch Uisge.

Bha Creidimh a bréugadh nàird an fhuaran
  Ga thàladh suas gu solus là,
Bha Dochas sìor ga shoills-eachadh
  As Umhlachd roinn a shlighe dh-à.

.B'iomadh sãmhradh dearsach briagh
  Thàin deirge gu bàrr an fhràoich
As b'iomadh gẽamhradh reŭltach fũar
  Bh' air uaighean nam peathar am fàoilte,

Mus an de chrion an t-áoibhneas àrd
  Rinn stuaime fhadadh an tùs
As mus an do lion an sàoghal le a ghràdh
  Cridhe am māighstear mar a dhùth.

Nis, mo chreach! chaidh an srŭth air chùl
  Bha a thriall air slighean céin,
Am pŏllaibh salach rũaimleach rùchd
  'Sa cŭarsgadh dùr fo shealladh bréun.

Sgeulachd Loch Uisge.

As thàinig bacadh le druimnean thòrr
  As le borcadh fòs am mõinteach dhônn
Gus stáigh fo'n uachdar chritheanach feòir
  An robh ăt as bòchd a thuiltean trôm.

Ach sgăp an dile a sgàoileadh mach
  Nùll thair a chŭpain ŭaine
As bho'n tobair bhòrcach dhŭbhadh as
  An spŏt san robh a lŭain.

Fa chōmhair an táigh-naomh nis gŭn ghràs
  Fo dhŭbhar nam bēanntain mòr
Bha am Freasdal siorruith ag oibreach sãmhach
  As nàird a lionadh lochan còrr ;

As coimeas an ŭilc fo bhrosgadh dian
  Gun chasg no rian na stéud,
Bha an loch ag ăt 'sa dlùth a lion'
  'Sa dhōimhne sior dhal am méud,

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Sgeulachd Loch Uisge.

Gus an d'thàinig óidhche an gĕilt as ŭamhan
'Sam boillsgeadh fŭathasach lòchrain bhreagh,
'San robh dàin na dàoi 'sna fŭinn a sĕinn
Bu dûithe bhith gléusadh òrain Dhé

B'e óidhche an Nŏllaig 'san d'thàinig tàir
Na féill bha fàilteach breith Chriosd;
B'e fonnaibh bīnn nam '*Feasgarain*' nàomh
Bha seĭnn an gàoir nam pongain fiata,

Nuar bhriste na brŭachain brùchdadh mach
As laidh an t-ŭisge an dŭmhladas anns a ghlēann.
Rè na h-óidhche bha rànaich ŭamhalta
An craig, an cruach 'sam bēann.

Ach thàinig ciùine as am maduinn òir
Bha an lochan bòidheach so 'san fhônn,
Na speurain ard na sgàthan le nĕoil
Co-gleachdte ri tòrr-choill, glaic as tôm.

Sgeulachd Loch Uisge.

Cha chlŭinnear guth an sin tŭille nis,
  Tha féidh ag īonaltradh aìr na lòin,
As trōimh luachair, phreas, as sheileastair
  Tha gàothain an fhághair a caitheamh an treòîr

As tha dàoine a gradh, an dŭbhagan óidhche,
  'Nan siŭbhal do'n ŭisge sin dlùth
Gun cluinnear fuĭnn na '*Miseréir*'
  As càoidh an éigh na h-ealaidh dhùr ;

As gu'm faicear dealain fhānn a bóillsge
  Aìr uachdar fuar na dìle,
Fodha, o's cionn, as a ruith mun cuairt
  Gun chasg nan luathas gu sior.

Ach táibhsean ălluidh as tàchrain mhàin,
  Tròimh sgàth na h-'oidhche as eagal beò,
Fo àithn an lătha as dùil ar sàorsa
  Chithear iad faoin mar fhaileas ceò.

Sgeulachd Loch Uisge.

Tha àille ghrinn nan nẽimhean árd
An sgàil 'sna tuiltean tréun,
'Sãmhladh na tròcair as a chūmhachd mhòr,
A co-chõmhnuidh am broilleach Dhé.

Bithidh an gòbhlachan gàoith ag àomadh sios
Air ĭteag iosal a pòg nan tônn
Tha borbhan sẽimh air uaigh bean nàomh
Ghleidh teist le càoimhe riamh na côm.

Bithidh sùil an t-sealgair tric am fàth
Air an uisge bhith soilleir ciùine
A chōmarrach mach an naomh-tháigh àillte
Air an d'oibrich Dia a rùn.

(J. P. St Clair.)

Edinburgh, *December 1895.*